


Caibideil 2 Gníomhan a bharrachd

Thoir sùil air na molaidhean againn airson barrachd spòrs tomhais!

Aig an sgoil:

Cia mheud uair nas àirde na thusa a tha aon shioraf? Tomhais àirde shioraif air lär do chlas, talla-spòrs no raon-cluiche. An uair sin faic cia mheud agaibh a dh'fheumas laighe ri thaobh gus an aon àirde a ruighinn.



Aig an taigh:

Faodaidh tu an aon rud fheuchainn aig an taigh, ma tha rùm gu leòr agad. Faodaidh do phàrantan a dhèanamh cuideachd. Dèan coimeas eadar cia mheud pàiste a tha co-ionann ri aon shioraf, agus cia mheud inbheach.

Aig an sù:

Lorg an clàr-àirde ann an cumadh sioraif agus tomhais thu fhèin na aghaidh.



A-nis lorg an taisbeanadh mu mheud nan ceumannan a bhios sioraf a' gabhail. Cia mheud ceum a dh'fheumas tu a ghabhail gus a bhith co-ionnan ri ceum an t-sioraif? A bheil e eadar-dhealaichte do dhaoine eile sa bhuidhinn agad? An dùil carson a tha sin?